Brag!

Iris Ghàidhlig Às2/3 Àrd-sgoil Phort Rìgh

An t-Sultain 2011

Buannaich iPod Shuffle

Faic t/d 19

50sg

Anns an iris seo:

Baidhsagalan

Ceitidh Perry

Eich

Iasgach

Rìomhadh-gnùis...

...agus mòran a bharrachd!

Clàr-innse

Baidhsagalan agus Danaidh MacAsgaill.....3
le Calum Moireasdan
Katy Perry.....4
le Rebekah NicLeòid
An robh fios agad?
A' bhò 5
le Shona NicFhionghuin
Mercedes – am Mathan Bàn.....6
le Kayleigh NicNeacail
Cò an cartun as fheàrr leat?.....6
le Aileas NicLeòid
Càraichean.....7
le Donnchadh Wood
Cò an sgioba as fheàrr leat?.....7
Na prìomh fèisean ciùil ann am Breatainn.....8
le Aileas NicLeòid
Club Motor-baidhsagail an Eilein Sgitheanaich.....9
le Angie Grannd
Dè an deoch as fheàrr leat?.....9
le Sean Stevenson
Iasgach.....10
le Stiùbhart MacNeacail
Eich.....11
le Rhiannon Knight
Geamaichean ùra.....12/13
le Sean Stevenson, Daniel Mac a' Phì agus Niall MacMhathain
Dè as fheàrr leat? Mars no Milky Way.....13
le Hannah Dickson agus Kayleigh NicNeacail
Rìomhadh-gnùis.....14
le Eilean NicLeòid
Cat no Cù? Dè am peata as fheàrr?.....14
le Aileas NicLeòid
Tha na seachdadan air tilleadh: beachd air fasan.....15
le Emma Pheutan
Kate Middleton: Ban-dhiùc Chambridge.....16
le Emma Pheutan
Fiolmaichean.....17
le Hannah Dickson
Dealbhaich am patronus agad fhèin.....18
le Sean Stevenson agus Rhiannon Knight
Farpais iPod.....19
Naidheachdan Roinn na Gàidhlig 20

An dealbh-aghaidh le Sean Grieve

Facal beag...

Seo agaibh Brag – an dàrna iris ann an sreath a chaidh a sgrìobhadh le sgoilearan Àrd-sgoil Phort Rìgh. Chaidh an iris seo a sgrìobhadh le sgoilearan do sgoilearan agus tha sinn an dòchas gu bheil rudeigin ann don a h-uile duine, ge b' e dè tha a' còrdadh riut. Chaidh an iris air fad a sgrìobhadh le sgoilearan Gàidhlig air an dàrna bliadhna mar phàirt den Churraicealam airson Sàr-mhathais agus ghabh iad ris an obair le deòin, a' rannsachadh, a' sgrìobhadh agus a' deasachadh gach pìos den iris.

Tha sinn fada an comain Bòrd na Gàidhlig agus Fèisean nan Gàidheal airson taic a thoirt dhuinn leis a' phròiseact. Cùmaibh sùil a-mach airson iris eile san t-sreath nas fhaide air adhart air a' bhliadhna.

Tha sinn am beachd na h-irisean seo a sgaoileadh gu sgoiltean eile agus sinn an dòchas gun dèan sgoiltean eile an aon rud gus am faigh sgoilearan cothrom a bhith a' leughadh airson tlachd ann an Gàidhlig mu chuspairean anns a bheil ùidh aca fhèin.

Tha sinn gu h-àraid taingeil do na sgoilearan fhèin a tha air a bhith cho èasgaidh a dhol an sàs san obair. Tha sinn an dòchas gum faigh iad tuilleadh chothroman na sgilean sgrìobhaidh aca a chur gu feum ann an Gàidhlig.

Roinn na Gàidhlig, Àrd-sgoil Phort Rìgh

Baidhsagalan

le Calum Moireasdan

Baidhsagal na mìos-sa

Specialized Hardrock 2011

Faidhle Fiosrachaidh

Ainm: SpecializedHardrock

Bliadhna: 2011

Prìs: £340

Cuideam: 12cg

Àireamh de ghèaran: 21

Geàran: Shimano Acera SL

Forcaichean: SR Suntour SF11-XCT

Frèam: Aluminium

Beachd Chaluim: 8/10

'S e baidhsagal beinne a tha san '*Specialized Hardrock 2011*' ach faodaidh tu a dhol air an rathad leis cuideachd. Tha fichead gèar air, agus tha am frèam uabhasach aotrom.



Danaidh MacAsgaill

Is e Danaidh MacAsgaill fear de na baidhsagalairean as fheàrr san t-saoghal an-dràsta, nam bheachd. Tha e 23 bliadhna a dh'aois, agus tha e à Dùn Bheagan. Tha e air a bhith a' dèanamh chleasan sgileil ealanta air baidhsagal airson 12 bliadhna. 'S e 'Danaidh MegaSkill' am far-ainm a th' air!

Fhuair Danaidh mu 30 millean buille air fiolm beag a rinn e air 'YouTube' anns a' Ghiblean 2009. Ann an 2010, rinn e fiolm eile, 'Way Back Home' agus fhuair sin tòrr bhuillean cuideachd.

Tha Danaidh a' siubhal air baidhsagal 'trial', agus tha am baidhsagal seo mu 8 cileagram ann an cuideam – gu math aotrom. Chan eil suidheachan idir air a' bhaidhsagal aige, oir cha bhi e ach a' dèanamh chleasan agus spòrs leis!

Ceitidh Perry

le Rebekah NicLeòid

Is toigh le mòran dhaoine an ceòl aig Ceitidh Perry. Tha iad seo measail air na fuinn sna h-òrain. Tha stoidhle shònraichte aig Perry a tha glè tharraingeach.

Aig deireadh 2010, bhuannaich an t-òran 'California Gurls' duais mar 'Òran na Bliadhna' dhi. Bha seo anns na 'charts' anns a' chiad àite airson 6 seachdainean. Agus air an 2mh den Dùbhlachd, bha an t-òran seo air a chur air adhart son duais aig na *Grammy's* mar 'an t-òran co-obrachaidh as fheàrr'. Chaidh seo a sheinn le Ceitidh Perry agus Snoop Dogg.

Rugadh Kathryn Elizabeth Hudson air an 25mh Dàmhair, 1984. Thòisich i air seinn aig aois òg, oir bha a pàrantan ag obair ann an eaglais, agus bhiodh Ceitidh an còmhnaidh ag èisteachd ri ceòl spioradail agus bhiodh i bho àm gu àm, a' seinn san eaglais. Nuair a dh'fhàg i an sgoil, dh'fheuch i air obair fhaighinn a' seinn. As dèidh dhi a' chiad òran aice a chlàradh, dh'atharraich Ceitidh a h-ainm do 'Chet Perry.' Tha i a-nis gu math soirbheachail agus ainmeil.

AN ROBH FIOS AGAD...? .....

le Shona NicFhionghuin

...dè cho mìorbhaileach 's a tha a' bhò mar bheathach? Ged 's ann a' magadh oirre a bhios sinn gu tric, 's ann glic agus annasach a tha i. Seo beagan fiosrachaidh mu bhò...

1. Tha mu 207 cnàimh na bodhaig, ach ged a choisicheas i suas staidhre, chan urrainn dhi coiseachd sìos, bho nach lùb a glùinean gu math. (AWWW!)

2. Bheir aon bhò seachad mu 200 000 gloinne bainne na beatha (GLUG! GLUG!)
3. Òlaidh bò mu 30 galan de dh'usige gach latha (MO CHREACH!)
4. Tha sròn mhath air bò, 's urrainn dhi rudan a tha sia mìle air falbh fhaireachdainn (DROCH RUD AIG AMANNAN!)
5. Tha a' bhò na beathach beannaichte anns a' chreideamh Hindu. (AN ROBH FIOS AGAIBH AIR SIN?)

LORG NA FACLAN SEO :

BO, BAINNE , FEUR, PEILE, GEAL, SPOTAN, FEOIL , IM, UACHDAR , CAISE, EARBALL, LAOGH

B	O	C	S	P	O	T	A	N	U
A	L	L	A	O	G	H	E	A	L
I	F	E	U	R	S	E	C	L	F
N	G	E	A	L	L	H	A	L	E
N	R	I	R	I	D	B	I	L	O
E	S	E	E	A	R	O	S	M	I
E	F	P	R	A	F	H	E	B	L
N	L	G	E	P	S	O	A	M	D

Mercedes Am Mathan Bàn

le Kayleigh NicNeacail



Seo Mercedes, mathan bàn a bha 30 bliadhna a dh'aois. Bha i a' fuireach i ann am Pàirc Bheathaichean na Gàidhealtachd, faisg air an Aghaidh Mhòir. Thàinig i an seo à sù Dhùn Èideann gus am faigheadh i rùm gu leòr agus caraid - tha mathain eile aca an seo. Chaidh a dhearbhadh o chionn ghoirid gun robh tinneas an alt (no arthritis) oirre agus thug iad pilichean dhi airson ùine ghoirid. Bha i a' fulang gu dona, is mu dheireadh bha aig a' Phàirc ri cur às dhi, agus 's ann duilich a bha mòran dhaoine mun seo.

Thuirt Dùghlas Richardson, manaidsear na Pàirce "Tha i gu math sean airson mathan bàn, aig 30 bliadhna a dh'aois, ach tha i air a bhith cho sona sa phàirc."

Tha an suidheachadh aig Mercedes brònach, ach bidh an suidheachadh aig mathain bhàn air feadh an t-saoghail nas miosa buileach ann an 100 bliadhna eile. Tha iad a' fuireach air an deigh, agus a chionn 's gu bheil an saoghal a' fàs nas blàithe, tha an deigh a' leaghadh agus ma thachras tuilleadh de seo, cha bhi àite-fuirich aca. Tha 9% de dheigh anns an t-saoghal a' leaghadh gach bliadhna. Tha feum aig a' mhathan bhàn air saille bho na ròin a dh'itheas iad, airson faighinn tron gheamhradh, agus bidh iad a' sealg nan ròn air an deigh. Airson na mathain a shàbhaladh ma-thà, feumaidh an saoghal stad a chur air blàthachadh na cruinne, agus sin a dhèanamh sa bhad!

Cò an cartùn as fheàrr - Tom is Jerry no Scooby Doo?

Thaghainn Tom is Jerry, oir tha na caractaran cho èibhinn, is chan fhàs thu uair sam bith sgìth den chartùn seo. Is toigh leam nuair a bhios iad a' sabaid, ach 's fìor thoigh leam cuideachd nuair a bhios iad ag obair còmhla. Tha Scooby Doo èibhinn cuideachd, ach chan eil e, nam bheachd cho inntinneach. Tha Tom is Jerry a' cur nam chuimhne na cait agam fhèin nuair a bhios iadsan a' sabaid! Dè do bharail fhèin?

Aileas NicLeòid

Càraichean

le Donnchadh Wood

Tha mise gu math measail air càraichean. Bidh m' athair a' dràibheadh càir ann an rèisean, is bhuannaich e duaisean leis. 'S e *Mitsubishi* a th' aigesan, ach bu thoigh leamsa *Subaru* fhaighinn aon latha. 'S toigh leam am fuaim a nì iad, agus is fìor thoigh leam an coltas a th' air càraichean luath. Tha mi ag iarraidh cead dràibhidh fhaighinn cho luath 's as urrainn dhomh!

Tha càraichean ann a tha gu math fasanta...

Seo am *Bugatti Veron Super Sport*. Cosgaidh e mu $2,400,000!

Tha càraichean ann a tha gu math luath...

Seo an *Ariel Atom V8*.

Tha e a' cosg mu $49,980!

RANGERS NEO CELTIC

Cò an sgioba ball-coise as fheàrr?

Eadar Rangers agus Celtic, tha mise den bheachd gu bheil Rangers fada air thoiseach air Celtic mar sgioba. Bidh iad a' cluich còmhla gu math, mar bhuidheann. Tha mi a' smaoineachadh cuideachd gu bheil an dath gorm nas fheàrr na uaine. Tha mo theaghlach a' leantainn Rangers cuideachd. Rinn mi rannsachadh anns a' chlas, agus bha 90 sa 100 dhiubh ag aontachadh rium! Seo a-nise. Dè do bharail?

Prìomh Fhèisean-ciùil Bhreatainn

le ***Aileas NicLeòid***

Tha mise gu math measail air ceòl den a h-uile seòrsa. Ach b' fheàrr leam a bhith ag èisteachd ris beò, aig fèis. Chì thu aig fèis mhòr, diofar chòmhlain, agus bidh thu a' campachadh a-muigh còmhla ri do charaidean. Tha mi ro òg an-dràsta airson a dhol gu fèis mhòr, leithid Glastonbury leam fhìn, ach bu thoigh leam sin a dhèanamh nuair a tha mi nas sine. Tha mo phiuthar na h-oileanach, agus bha i ag obair airson fèis mhòr an-uiridh ann an Huddersfield. Chòrd i rithe gu mòr. Tha mi an dòchas aon là gun tèid mi fhèin ann. Gu h-ìosal, chì sibh liosta de na fèisean as motha agus as fheàrr a th' ann am Breatainn an-dràsta.

Glastonbury ann an Somerset – an fhèis as ainmeile a th' againn ann am Breatainn – gu h-àraid ma tha thu measail air poll!

Fèis V ann an Chelmsford agus Stafford a Deas. Siorrachd

Tha T anns a' Phàirc  a' tachairt ann an Siorrachd Pheairt. Seo a' phrìomh fhèis Albannach.

Fèis Eilean Wight far an do chuir Kate Moss agus a ban-charaidean seachad ùine mus do phòs i am-bliadhna.

Ge b' e càit an tèid thu, bidh spòrs agad!

Club Motor-baidhsagail an Eilein Sgitheanaich

le Angie Grannd ☺

Thòisich an club seo ann an 2010, taing do Graeme Finnie. Bha club mar seo air a bhith ann mar-thà, ach bha e air stad airson bliadhna no dhà. Tha dà bhuidheann ann, buidheann A agus B. Tha na dràibhearan a tha ann am buidheann 'A' uabhasach math. Tha na daoine nach eil buileach cho math ann am buidheann B. Tha tòrr a bharrachd dhaoine ann am buidheann B!

Tha mu fhichead dràibhear a' dol don chlub air latha math. Thèid Graeme Finnie a-mach an tòiseach, son roinnean a dhèanamh dhuinn, a' togail bhrataichean a tha dearg agus gorm. Tha farsaingeachd de bhaidhsagalan aig a' chlub, bhon fheadhainn as ùire, leithid am Beta 2011, do bhaidhsagalan a tha rud beag nas sine, leithid an Yamaha TYZ.

Ma tha ùidh sam bith agaibh ann an bhith a' tighinn dhan chlub, tadhailibh air ar làrach-lìn:www.skyetrialsclub.com. Gheibh sibh barrachd fiosrachaidh an sin mu ar deidhinn. Chì sibh dealbhan gu leòr air an làrach againn, is gach uair a tha farpais ann, cuiridh Graeme pìos mu dheidhinn air an làrach, le sgeulachdan èibhinn, spòrsail.

Dè an deoch theth as fheàrr – tì no cofaidh?

Tha mise a' smaoineachadh gur i tì an deoch theth as fheàrr. Tha thu a' faireachdainn math, cofhurtail as dèidh dhut cupa òl. Tha am blas air cofaidh nas làidire, agus caran searbh, nam bheachd. Tha am blas a th' air tì mìn, chan eil e idir cho searbh. Sin carson a chanainn gur i tì an deoch theth as fheàrr leam! Dè do Bharail fhèin?

le Sean Stevenson

Iasgach

le Stiùbhart MacNeacail

Tha mise uabhasach measail air iasgach. Is e an cur-seachad as fheàrr leam. Bidh mi a' dol a-mach air bàta m' athar còmhla ris. Bidh sinn a' dol do Eilean Holm, faisg air Stafainn. An sin, gheibh sinn liùghannan, rionnach, agus, ma tha sinn fortanach, gheibh sinn breac. Uaireannan, bidh sinn cuideachd a' dol gu Abhainn Bharagail. Gheibh sinn breac agus breac donn an sin. Tha agam ris an t-iasg a sgoltadh agus a ghlanadh mus toir sinn dhachaigh iad.

Tha dà shlait agam. Tha tè agam airson aibhnichean. Fhuair mi i airson mo chò-latha breith an-uiridh. Tha slat agam airson iasgach aig muir cuideachd. Bu chòir dhut fhèin fheuchainn, ma gheibh thu cothrom – chan eil càil coltach ris mar chur-seachad – gu h-àraid ma thu thu ag iarraidh fois!

Eich

le Rhiannon Knight

An robh fios agad…?

...gur e an t-each as luaithe san t-saoghal an t-each Arabach? Tha *Thoroughbreds* a' tighinn faisg san dàrna àite

...gur e an t-each as motha san t-saoghal a' *Shire*. Tha fear dhiubh na sheasamh còrr is 6 troighean aig a' ghualainn

...gur e an t-each as lugha san t-saoghal am *Fallabella*. Tha fear dhiubh na sheasamh 36 òirlich aig a' ghualainn

Taisbeanaidhean Bliadhnail

An Giblean	Fèill Eich Bhadminton , 21mh - 25mh
An t-Ògmhios	Fèill Eich Bramham Horse Trials, 2 - 5mh, Fèill Àiteachas Rìoghail, Ingleston, 23-26mh
An t-Sultain	Fèill Eich Burghley , 1-4mh, Fèill Eich Blenheim, 8mh-11mh
An Dàmhair	'Each na Bliadhna', 5mh-9mh
An Dùbhlachd	Olympia, 13mh -19mh

Fallabella

Each Arabach

Shire

Geamaichean Ùra

Resident Evil

lèirmheas le Sean Stevenson

Bheirinn ceithir rionnagan don gheama *Resident Evil*, ach mur eil earbsa agaibh annam, leugh irisean gheamaichean, is chì sibh dè cho math 's a tha an gèama seo!

A' phris: £10 - £13

'S ann le *Capcom* a tha *Resident Evil 5*. Is e an còigeamh pàirt den stòraidh a tha seo, agus tha e air a shuidheachadh ann an Afraga. Faodaidh tu a chluich le dithis, no dìreach leat fhèin. Faodaidh sibh a chluich air an eadar-lìon cuideachd. Tha an seat gheamaichean seo air a bhith ann timcheall air 6 bliadhna. Ann an Siapan, 's e *Biohazard 5* an t-ainm a th' air. Is toigh leam an gèama seo airson tha tòrr gnìomh ann, agus tha an gèama gu math fada cuideachd – cumaidh e a' dol thu!

RED DEAD REDEMPTION



Cluich an gèama seo air PS3 no XBOX Prìs: £20 - £35

Tha 'Red Dead Redemption' na ghèama 'cowboy' suidhichte ann an Texas, Mexico agus na fàsaichean mora ann an Ameireaga a Tuath anns an naoidheamh linn deug. Tha an stòiridh mu eucoireach air a bheil Iain Marston. Bha e a' ruith air falbh bhon lagh, còmhla ris na caraidean aige. Ach a-nis tha an lagh air a theaghlach a ghlacadh ach thèid an saoradh mas e gu bheil esan a' cruinneachadh nan caraidean aca is gan toirt dhan t-siorraidh.

Tha an gèama seo, nam bheachd, sònraichte math. Tha stòiridh làidir, fada aige, a tha air a mhìneachadh gu soilleir is tha seo a' toirt ort cumail a' dol. Tha an dealbhachadh air gu math èifeachdach cuideachd. Bheirinn còig rionnagan dha. Ged a tha e gu math brùideil, tha e gu math tarraingeach.

Le Daniel Mac a' Phì

Assassin's Creed Brotherhood

Lèirmheas le Niall MacMhathain ★★★★

Tha an gèama, *Assassin's Creed Brotherhood* a' leantainn a' ghèama *Assassin's Creed 2*. Tha an gèama ùr a' sealltainn dè tha a' tachairt còig bliadhna as dèidh do na murtairean an làmhan fhaighinn air ubhal *Eden*. Tha Ezio Auditore am measg nam murtairean seo, agus anns a' ghèama tha thu a' leantainn beatha Ezio.

Ann an *Assassin's Creed 2*, chaidh athair agus bràithrean Ezio Auditore a chrochadh airson foill leis na ridirean *Templar*. Tha Ezio a' feuchainn dìoghaltas fhaighinn air na Templars sa ghèama seo.

Nam bheachd, tha an gèama seo sgoinneil, a chionn 's gu bheil tòrr gnìomh ann. 'S urrainn dhut cuideachd a chluich beò air-loidhne còmhla ri do charaidean, agus tha seo sònraichte math nam bheachd. Bheirinn an sgòr ochd a-mach a deich don ghèama seo. Feuch fhèin air!

Rabhadh: Tha còir agaibh cead fhaighinn bho phàrant mus cluich sibh na geamannan gu h-àrd!

Mars Bar no Milky Way?

Tha mise a' faireachdainn gur e *Milky Way* as fheàrr. Tha blas nas fheàrr air, agus tha e a' toirt beagan siùcair dhut, gun a bhith a' toirt ort faireachdainn gu bheil do stamag làn! *(Beachd Hannah Dickson)*

Tha mise a' faireachdainn gu bheil *Mars Bar* nas fheàrr na *Milky Way*. Tha barrachd chalaraidhean ann am *Mars*, agus ma tha thu a' faireachdainn lag, bheir e ort a bhith làidir gu leòr airson cumail a' dol. *(Beachd Kayleigh NicNeacail)*

Dè do bharail fhèin?

Rìomhadh-gnùis

le Eilean NicLeòid

Sna làithean seo, tha mòran dhaoine: nigheanan, boireannaich agus fiù 's fear no dhà, a' cur orra gu làitheil rìomhadh-gnùis. Seo beagan comhairle a thaobh dè tha ùr agus fasanta air an t-seusan seo.

Anns an dealbh seo chì thu boireannach le dathan soilleir (pastailean) air a sùilean. Tha an coltas seo gu math fasanta as t-earrach. Am meag nan dathan a tha fasanta air an t-seusan seo, tha pinc, gorm, orains agus purpaidh. Tha na dathan seo a' toirt blàths gu d' aodann.

Bu thoigh leam rudeigin a ràdh cuideachd mu bhunait *(foundation).* Tha tòrr dhiofar bhunaitean ann, leithid uachdar, lionn is smùidreach. Ma tha craiceann tioram agad,'s e uachdar as fheàrr dhut. Cuir beagan dheth air d' aodann agus an uair sin 's dòcha cuir beagan smùidrich ort cuideachd, gus am faigh thu deagh chòmhdach. Faodaidh tu bunait a tha gad dhìon bhon ghrèin fhaighinn cuideachd. Mairidh seo san uisge cuideachd – rud a tha math do dh'Albannaich!

Air ais gu do shùilean – mura h-eil thu ag iarraidh dathan ro làidir a chur ort, tha gu leòr de dhathan an-dràsta airson do shùilean a tha caran nàdarra, leithid soilleir donn agus òr. Cuir na dathan seo gu h-aotrom ort, is coimheadaidh iad glè mhath. Chuala tu an seo an toiseach e!

Cat no Cù – dè am peata as fheàrr?

Thaghainn cait a h-uile turas! Tha iad brèagha agus measail air cluich. Is toigh leotha nuair a bhios tu a' toirt an aire dhaibh. Bidh sinn gu tric a' cluinntinn sna naidheachdan mu dheidhinn ionnsaighean a nì coin air daoine. Tha mi a' smaoineachadh nach urrainn dhut d'earbsa a chur ann an cù. Dè do bharail fhèin? *Aileas NicLeòid*

THA NA SEACHDADAN AIR TILLEADH!

Beachd air Fasan le Emma Pheutan

Tha na seachdadan air ais! Chan eil còir agad a bhith a' cùmail ri stoidhle shàbhailte, le dathan nàdarra air an t-seusan seo, oir tha a h-uile dath a tha fasanta an-dràsta gu math dàna. A thaobh briogais, tha feadhainn le 'lasan' orra air tilleadh, agus tha lèintean loma-làn de phàtrain, agus le dathan soilleir orra! Tha sàilean air a dhol suas agus, mar sin, cuir an fheadhainn shàbhailte gu cùl a' phreasa. Nì na sàilean àrda feum mòr do chruth do chasan. Seall na tha sna bùthan an-dràsta...

Agus mura h-eil thu uabhasach measail air na pàtrain chraicte, na gabh dragh oir tha coltas nan seachdadan air an lèine shìmplidh seo cuideachd... Geal – mar a bhiodh tu an dùil!

Ceit Mhiddleton – Ban-dhiùc Chambridge

Beachd air an stòidhle aice

le Emma Pheutan (Ban-dhiùc an fhasain!)

Leis a' Bhanais Rìoghail a bh' againn o chionn ghoirid, tha aodann is aodach Ceit Mhiddleton a' còmhdachadh nam mìltean de dhuilleagan irisean stoidhle an-dràsta. Ged a tha an t-aodach aice gu math traidiseanta a' coimhead, tha i fhathast a' coimhead fasanta agus chì sinn barrachd agus barrachd den stoidhle aice anns na bùthan.

Bha an t-aodach a bha oirre nuair a chaidh i air ais do Oilthigh Chill Rìmhinn còmhla ris a' Phrionnsa Uilleam gu math clasaigeach, agus cha do cheannaich i dad às ùr. Bha i air an deise a chur oirre mar-thà agus bu chòir dhuinn uile a bhith mothachail air seo. Tha mi den bheachd gur e rud math a tha seo, aig àm cho doirbh don eaconomaidh. An àite a bhith a' ceannach an aodaich as ùire airson diofar shuidheachaidhean, cluichidh Ceit leis na th' aice, a' cur rudan mar bhagaichean agus miotagan ùra le seann phìos. Feuch fhèin air!

An coltas clasaigeach aig Ceit – beagan comhairle air ciamar a gheibh thu fhèin e

- Smaoinich mu dhathan, is mar a chuireas tu còmhla iad. Na measgaich cus dhiubh – cùm do sgeama dathte gun a bhith craicte.
- Coimhead air na tha agad sa phreas, agus tilg a-mach rudan nach do chosg thu airson ùine. Nuair a tha thu riaraichte nach eil agad *ach* na rudan a chleachdas tu, thalla do na bùthan airson rud no dhà as ùire fhaighinn!
- Nuair a tha thu aig na bùthan na ceannaich rud ùr nach obraich còmhla ris na rudan a tha agad mar tha, ceannaich rudan a bhios a' dol còmhla ris na rudan a tha agad mar-thà. Ma nì thu seo, cha bhi na h-uiread de rudan agad na do bhasgaid!
- Ma tha aig Ceit ri sùil a chumail air na sgillinnean, bu chòir dhuinne cuideachd!

Cùmaibh ur sùilean air na fiolmaichean a leanas ...

Bidh mise a' tadhal air an taigh-dhealbh nuair a gheibh mi an cothrom. Am bi sibhse? B' e an siathamh fiolm aig Harry Potter am fear mu dheireadh a chunnaic mi, ach tha mòran fhiolmaichean ùra ann an-dràsta a tha mi airson faicinn. Tha na fiolmaichean gu h-ìosal a' dol a thighinn a-mach anns na sia mìosan a tha romhainn. Feuch gum faic thu feadhainn dhiubh aig an taigh-dhealbh. Air mo shon fhèin, 's e *Frozen* am fear air a bheil an coltas as fheàrr. Tha e a' coimhead caran eagalach, agus 's toigh leam fiolmaichean mar seo a chuireas beagan eagail orm! Tha cuid eile gu h-ìosal an seo:

le Hannah Dickson

Tin Tin
(The Secret Unicorn)
26 An Dàmhair 2011

Pirates of the Caribbean

(On Stranger Tides)

18 An Cèitean 2011

Harry Potter and the
Deathly Hallows, Part 2
15 An t-Iuchar 2011

Sherlock Holmes 2
16 An Dùbhlachd 2011

Dealbhaich am *patronus* agad fhèin!

Am faca tu na fiolmaichean, no an do leugh thu feadhainn de na leabhraichean ainmeil aig J.K Rowling mun draoidh òg, Harry Potter? Coma Leat! 'S dòcha ge-tà, gum bi fios agad dè th' ann am *patronus*.

'S e seòrsa de gheas a th' ann, a chuireas air adhart faireachdainnean dìomhair an draoidh, leithid toileachais, dòchais no iarrtais a bhith a' fuireach beò! Anns na stòiridhean, 's e an obair a th' aig Patronus a bhith a' dìon an draoidh. Tha e a' nochdadh ann an cruth beathaich. 'S e damh a th' anns an fhear aig Harry Potter. Nam biodh patronus agad fhèin, saoil dè an cumadh a ghabhadh e...?



Nam biodh *patronus* agam fhèin coltach ri Harry Potter, chanainn gur e sionnach a bhiodh ann. Tha sionnaich a' toirt orm gàireachdainn nuair a chì mi iad a' feuchainn ri rudeigin fhaighinn às a' bhucaid. Tha iad cho seòlta, cho faiceallach nuair a bhios iad a' gluasad. Tha sionnaich glic, is tha iad a' coimhead cho annasach agus àlainn.
'S ann air na h-adhbharan seo a bhiodh sionnach freagarrach dhomh mar *phatronus*.
Sean Stevenson

Nam biodh *patronus* agam fhèin,'s e madadh-allaidh a bhiodh ann. Thaghainn madadh-allaidh à Canada, oir tha mi gu math measail orra. Is iad na madaidhean-allaidh ann an Canada na madaidhean-allaidh as làidire agus as luaithe san t-saoghal. Tha comas aca ruith aig ceathrad mìle san uair. Chanainn ge-ta, gur e patronus math a bhiodh anns a' mhadadh-allaidh.
Rhiannon Knight

Farpais iPod

A bheil thu measail air ceòl pop? Ceòl rock? Ceòl Gàidhlig? A bheil thu airson iPod Shuffle a bhuannachadh? Gabh pàirt san fharpais gu h-ìseal, ma-thà. Tha seachd ceistean agaibh rim freagairt airson iPod a bhuannachadh.

1. **Ainmich a' bhò ainmeil a tha a' nochdadh air an t-sreath de phròg raman chloinne, 'The Magic Roundabout'**
   a. **Zebedee**
   b. **Ermintrude**
   c. **Florence**
2. **Càit a bheil an fhèis mhòr, 'T in the Park' a' gabhail àite?**
   a. **Inbhir Nis**
   b. **Ceann Rois**
   c. **Dùn Eideann**
3. **Cò às a tha Danaidh MacAsgaill?**
   a. **Dùn Bheagan**
   b. **Dùn Deagh**
   c. **Dùn Èideann**
4. **Tha fiolm ùr, a tha na chartùn, a' dol a thighinn a-mach mun charactar, Tin Tin. Dè an t-ainm a th'air a' chù bheag aige?**
   a. **Snoopy**
   b. **Snowy**
   c. **Scooby-Doo**
5. **Ainmich cò am fear dhiubh seo a chithear air a' phròg ram, 'Top Gear'**
   a. **Jeremy Paxman**
   b. **Jeremy Clarkson**
   c. **Jeremy Kyle**
6. **Càit an robh Mercedes, am Mathan Bàn a' fuireach?**
   a. **san Spàinn**
   b. **ann an Alba**
   c. **ann an Nirribhidh**
7. **Ciamar a shiùbhail Ceit Mhiddleton don Àrd-eaglais nuair a phòs i am Prionnsa Uilleam?**
   a. **air each**
   b. **ann an coidse**
   c. **ann an càr mòr dubh**

Tha an fharpais fosgailte do sgoilearan Àrd-sgoil Phort Rìgh a-mhàin. Airson cothrom iPod a bhuannachadh, lìon am foirm gu h-ìseal leis na freagairtean, d' ainm agus do chlas agus cuir sa bhogsa spaideil ann an rùm Mrs NicPhàrlain e (rùm 221). Dùinidh an fharpais seo air 23 An t-Sultain agus sgaoilidh sinn fios an uair sin air cò bhuannaich. Siuthad – tha iPod gad fheitheamh an seo!

Brag Farpais iPod An t-Sultain 2011

Ainm: _____ **Clas:** _____

1.	2.	3.	4.	5.	6.	7.

Ma 's e breug bhuam e...

Criomagan beaga de naidheachdan bho

Roinn na Gàidhlig, Àrd-sgoil Phort Righ

Cuirm nach dìochuimhnich sinn!

Abair spòrs a bh' againn mus do dhùin an sgoil as t-samhradh nuair a bha feasgar againn a' comharrachadh 25 bliadhna de dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìre Comhairle na Gàidhealtachd. Bha consairt sònraichte againn an toiseach le sgoilearan a' seinn, a' cluich, a' dannsa agus a' cumail ghnothaichean a' dol air an àrd-ùrlar. An uair sin, chunnaic sinn fiolm a chaidh a dhèanamh le Mànus Greumach agus sgoilearan an latha an-diugh agus an latha an-dè. Thug sin sealladh beag dhuinn de na tha agus a bha a' dol air adhart tro mheadhan na Gàidhlig san sgoil. Chòrd e ris a h-uile duine sùil a chumail a-mach airson daoine a b' aithne dhaibh air an fhiolm. Bha e math cuideachd gun robh cuid de na tidsearan a b' àbhaist a bhith againn còmhla rinn aig an tachartas agus thàinig Prìomh a seachd à Bun-sgoil Phort Rìgh airson blas fhaighinn air dè tha romhpa an dèidh nan saor-làithean!

Thàinig gnothaichean gu ceann le seat sònraichte bho *Niteworks*, còmhlan a tha a' dèanamh ainm dhaibh fhèin ann an saoghal a' chiùil. Bha triùir de na balaich ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an Sgoil Phort Rìgh agus, gu dearbh, tha sinn moiteil asta! Chluich iad dhuinn agus mus robh am feasgar seachad bha na sgoilearan air fad (agus cuid mhath de na tidsearan!) air an casan a' dannsa ri Innes, Ailean, Ruairidh agus Crìsdean. Bidh greis ann mus dìochuimnhich sinn an latha ud agus dh'fhàg e a h-uile duine againn toilichte gur i a' Ghàidhlig a thug cothrom dhuinn a bhith an làthair aig a' chuirm àraid sin! Taing do Chomhairle na Gàidhealtachd an t-airgead a thoirt dhuinn a' chuirm a chur air dòigh.

Ist!

Soraidh slàn!

Soraidh slàn do Mhgr Eòghain Stiùbhart a dh'fhàg Roinn na Gàidhlig airson a dhol a theagasg ann an Dùn Èideann. Tha sinn an dòchas gun tèid gu math leis agus tha sinn cinnteach às gum bi tòrr de chluicheadairean ùra iomain ann an Dùn Èideann ann an ùine nach bi ro fhada!

Turas Uibhist

Chuir sgoilearan Gàidhlig air Às 1 agus 2 seachad deireadh-seachdain ann an Uibhist san Ògmhios. Cha b' urrainn don t-sìde a bhith na b' fheàrr agus bha na sgoilearan air an dòigh an sàs ann an spòrs-uisge, tursan eachdraidheil agus a' gabhail air an socair air an tràigh. Tha sinn airson taing mhòr a thoirt do Mghr Mac a' Phiocair, A' Bh-uas NicAonghais, A' Bh-uas NicDhòmhnaill, A' Bh-uas Nic a' Phiocair agus Mgr Stiùbhart a chaidh a-null còmhla rinn agus do Bhòrd na Gàidhlig airson taic-airgid a thoirt dhuinn. 'S e a' cheist a-nise: càit an tèid sinn an ath thuras?

Fhuair am pròiseact seo taic bho

BÒRD NA GÀIDHLIG

fèisean NAN GAIDHEAL

Na can rium!